

Ceud mìle fàilte gu Diùranais

Làrach-lìn Coimhearsnachd Dhiùranais

Gàidhealtachd na h-Alba

<http://www.durness.org/Loch%20Croispol/Images/Volunteer%20Preps%20Archeology/volunteer%20preparations.html>

Rannsachadh is Mìneachadh air fearann Loch Chroispal, Taigh-sgoile Chroispal agus inbhe na sgìre ann an dualchas agus eachdraidh Dhùthaich Mhic Aoidh

Fhuairreas taic-airgid bhon Chrannchur Nàiseanta, Maoin Dìleab na Gàidhealtachd agus Alba Eachdraidheil



[Feuchaibh is innsibh dè ur beachd air a' làraich-lìn againn](#)

Dèanamh deiseal airson an rannsachaidh arc-eòlas anns an robh daoine ag obair gu saor thoileach agus iad a' toirt nan clachan a-mach à broinn an taigh-sgoile an dèidh dha [postairean](#) air an dol an àrd a-chum gus muinntir an àite agus luchd-tadhail a thighinn a chuideachadh. Thairis air dhà no trì làithean thug sgioba dhen daoine seo clach air falbh bho bhroinn an togalaich. Thachair cuid bu mhotha dhen obair seo aig ceann sear an taighe, ach rinneadh pàirt dhi mu thimcheall na cagailte air a' cheann siar. Cha robh an obair seo buileach cho trom air an t-seachdnar a rinn i, sa bha an dùil. Mar bu tric, 's i aimsir thioram, chàilear a fhuair iad, 's ged a bha corra fhras troma ann. Cha do chuir càil idir ge-tà bacadh air saothair na sgioba, agus iad a' cumail orra ag obair le bara agus le sluasaid a' cur an àite air dòigh airson an rannsachaidh. Thugas cùram gus nach cuireadh dragh air an talamh anns am b' urrainnear ùrlaran agus cruth an togalaich aithneachadh. Chaidh a h-uile càil a lorg a chlàradh, nam measg: slis-phlèastar, tarrag, pios copain òir-chreadha, glainne bhotal agus uinneagan agus mullach stòbha. Fhad 's a bha na daoine seo ag obair, thàinig mòran daoine a thadhail orra a dh'fhaighneachd mun phròiseact, agus bha aig Graham Brus (is e fhèin ag obair gu saor-thoileach) cunntas mionaideach a thoirt seachad dhà no trì tursan air a' phròiseact agus a eachdraidh suas gu ruige sin.

Tha còmhradh an dèidh thòiseachadh air ainm a' phròiseict, agus dè as còir gabhail air an togalach "*An e Sgoil Loch Chroispal as còir dhuinne a ghabhail air no Sgoil Sgìre Dhiùranais? Cha b' e Loch Chroispal a chanadh iad ris a-riamh, 's ged is e Sgoil Bhaile na Cille a chanadh muinntir an àite ris, tha an dà ainm seo ùr. Ri linn is gur e seisean nan clèir a phàigheadh airson na sgoile bhon sporan aca fhèin, saoil leamsa nach i sgoil an SSPCK a bh' ann idir – 's e dha-*

rìribh sgoil parraist a bh' ann. Feumas dearbhadh fhaighinn an e annas a bhiodh seo ann an Dùthaich Mhic Aoidh agus dè cho mòr sa bha an SSPCK aig an àm.”

Lean an còmhradh air Facebook - Loch Croispol School History Project

- [Till gu Duilleig 1](#)
- [Arc-eòlas seachain 1](#)
- [A' tuigsinn an fhearainn](#)
- [Àrc-eòlas seachdain 2](#) a' lorg gàinne nuadh-litic
- [Taisbeanadh air an togalach bho Mhàrt 2009](#)
- [Turas beò 360° air an sgìre mu thimcheall air an Taigh Sgoile](#)
- [A' cur na h-eachdraidh is a' rannsachadh an dualchais](#)